(f) $\blacksquare \div 9 = 0$




1 Bheir a' chairt 7 chloinne air gach turas,
Cia mheud turas a dh'fheumar airson:

- | | |
|----------------|-----------------|
| (a) 21 leanabh | (b) 56 leanabh |
| (c) 35 leanabh | (d) 70 leanabh |
| (e) 42 leanabh | (f) 63 leanabh? |


- 2 (a) Roinn 28 le 7. (b) Roinn 49 gu cothromach eadar 7.
 (c) 7 air a roinn le 7 (d) Cia mheud seachd a bheir dhut 14?
 (e) Roinn 35 le 7. (f) Cia mheud buidheann de 7 a tha ann an 63?
 (g) 0 air a roinn le 7 (h) Roinn 21 gu cothromach eadar 7.

- 3 (a) $42 \div 7 = \blacksquare$ (b) $56 \div 7 = \blacksquare$ (c) $0 \div 7 = \blacksquare$
 (d) $\blacksquare \div 7 = 4$ (e) $\blacksquare \div 7 = 7$ (f) $\blacksquare \div 7 = 1$

4 Tha ticeadan airson an turais air a' chairt a' cosg
7sg am fear. Cia mheud ticead
a gheibh thu ma chosgas tu:



- (a) 14sg (b) 70sg (c) 35sg
 (d) 63sg (e) 21sg (f) 56sg?
- 5 Cheannaich Màiri **dhà uimhir** a
thiceadan ri Àdhamh airson an turais.
Chosg na ticeadan aca còmhla 63sg.
Cia mheud ticead a cheannaich iad
an duine?



I Roinn iad seo gu cothromach eadar na treidhichean.

- (a) 60 sàrdain → 6 treidhichean (b) 21 breac → 7 treidhichean
 (c) 54 truisg → 9 treidhichean (d) 70 sgadan → 7 treidhichean
 (e) 12 adag → 6 treidhichean (f) 45 bradain → 9 treidhichean
 (g) 49 leòbagan → 7 treidhichean (h) 72 cudaig → 9 treidhichean
- 2 (a) Roinn 9 le 9. (b) 48 air a roinn gu cothromach eadar 6
 (c) 28 air a roinn le 7 (d) Cia mheud còig a tha ann an 45?
 (e) Roinn 0 le 8. (f) Cia mheud buidheann de 6 a tha ann an 1
 (g) 63 air a roinn le 7 (h) Roinn 16 gu cothromach eadar 2.

- 3 (a) $63 \div 9 = \blacksquare$ (b) $6 \div 6 = \blacksquare$ (c) $0 \div 7 = \blacksquare$
 (d) $\blacksquare \div 6 = 9$ (e) $\blacksquare \div 7 = 8$ (f) $\blacksquare \div 9 = 0$
 (g) $30 \div \blacksquare = 5$ (h) $32 \div \blacksquare = 8$ (i) $81 \div \blacksquare = 9$

4 Cia mheud sàrdain a gheibh thu air:

- (a) 40sg. (b) 80sg.
 (c) 32sg. (d) 48sg.

5 Cheannaich Marc **leth uimhir** a shàrdainean
 's a cheannaich Emma.
 Chosg na cheannaich an dithis còmhla 72sg.
 Cia mheud sàrdain a cheannaich iad an duine?



Ath-sgrìobh agus crìochnaich iad seo.

(a)

$$6 \times 7 = 42$$

$$7 \times 6 = \square$$

$$42 \div 7 = \square$$

$$42 \div 6 = \square$$

(b)

$$8 \times 9 = 72$$

$$9 \times 8 = \square$$

$$72 \div 9 = \square$$

$$72 \div 8 = \square$$

(c)

$$7 \times 5 = 35$$

$$5 \times 7 = \square$$

$$35 \div \square = 7$$

$$35 \div \square = 5$$

(d)

$$9 \times 5 = 45$$

$$5 \times 9 = \square$$

$$45 \div \square = 9$$

$$45 \div \triangle = \square$$

(e)

$$2 \times 80 = 160$$

$$80 \times \square = 160$$

$$160 \div \square = 2$$

$$\triangle \div \square = 80$$

(f)

$$7 \times 100 = 700$$

$$100 \times \square = 700$$

$$700 \div \square = 7$$

$$\triangle \div \square = 100$$

2 Cleachd am fiosrachadh-iomadachaidh agus sgrìobh dà sgeulachd roinnidh.

(a)

$$7 \times 8 = 56$$

(b)

$$9 \times 6 = 54$$

(c)

$$6 \times 4 = 24$$

(d)

$$2 \times 25 = 50$$

(e)

$$12 \times 8 = 96$$

(f)

$$14 \times 6 = 84$$

3 Cleachd am fiosrachadh-roinnidh.

Sgrìobh dà sgeulachd iomadachaidh agus sgeulachd roinnidh eile.

(a)

$$63 \div 9 = 7$$

(b)

$$48 \div 6 = 8$$

(c)

$$35 \div 7 = 5$$

(d)

$$32 \div 8 = 4$$

(e)

$$200 \div 2 = 100$$

(f)

$$93 \div 3 = 31$$



4 Sgrìobh ceithir sgeulachdan àireamh gach turas.

(a) 2 34 68

(b) 10 7 70

(c) 9 100 900

I Tha na cairtean seo air an roinn gu cothromach eadar tri sgeilpichean. Cia mheud cairt a tha a' dol air gach sgeilp, agus cia mheud a tha an còrr?



2 Tha na cairtean seo air an roinn gu cothromach eadar ceithir sgeilpichean. Cia mheud cairt a tha a' dol air gach sgeilp, agus cia mheud a tha an còrr?

- (a) 34 cairtean (b) 31 cairt (c) 25 cairtean?

3 Cia mheud bogsa a lìonadh tu le na cairtean seo? Cia mheud cairt a tha an còrr?

	(a)	(b)	(c)	(d)	(e)
Àireamh chairtean	17	38	46	77	60
Àireamh chairtean anns gach bogsa	2	6	5	8	7



4 Cia mheud cairt a gheibh thu air a cheannach? Dè na tha agad de dh'airgead air fhàgail?

	(a)	(b)	(c)	(d)	(e)	(f)
Tha seo agad...	47sg	19sg	37sg	54sg	75sg	95sg
Tha cairt a' cosg...	6sg	2sg	7sg	5sg	8sg	9sg

5 Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth.

(a) $32 = (6 \times 5) + \blacksquare$

(b) $45 = (7 \times 6) + \blacksquare$

(c) $39 = (4 \times 9) + \blacksquare$

(d) $39 = (5 \times 7) + \blacksquare$


(e) $85 = (10 \times 8) + \blacksquare$

(f) $438 = (100 \times 4) + \blacksquare$

(g) $(18 \div \blacksquare) + 2 = 8$

(h) $(54 \div \blacksquare) - 3 = 6$

(i) $(\blacksquare \div 8) + 4 = 9$



- 1** Cia mheud tagsaidh air a bheil feum gus 29 leanabh a thoirt air turas-sgoile ma ghabhas gach tagsaidh:
- (a) 2 chloinne
 - (b) 4 chloinne
 - (c) 3 chloinne
 - (d) 5 chloinne?

- 2** Cia mheud sgioba a nì thu?

	Clas 2	Clas 3	Clas 4	Clas 5	Clas 6
Àireamh chloinne	26	23	34	26	36
Àireamh ann an sgioba	3	4	10	4	5

- 3** Cia mheud buidheann a nì thu?

Cia mheud leanabh a tha ann an còrr?

	(a)	(b)	(c)	(d)	(e)	(f)
Àireamh chloinne	49	58	63	52	65	38
Àireamh ann am buidheann	6	8	7	9	10	8

- 4** Tha an tagsaidh le 4 chloinne a' cosg £15.
Dè a tha e a' cosg airson gach leanabh?



- 5** Lorg na chosgas e airson gach leanabh anns na busaichean beaga seo.

(a)





Còignear
Airson £11.

(b)



Deichnear
Airson £17.

- 1 (a) Roinn gach treidhe de chruthan gu cothromach eadar 10 dhaoine.



- (b) Lorg deicheamh de na cruthan a tha air gach treidhe.
(c) Dè tha thu a' mothachadh nuair a:

roinneas tu le 10

agus

lorgas tu deicheamh?

- 2 (a) deicheamh de 100 (b) $\frac{1}{10}$ de 30 (c) deicheamh de 90
 (d) $\frac{1}{10}$ de 10 (e) deicheamh de 50 (f) $\frac{1}{10}$ de 70

- 3 Dè a' bhloigh den phàtran air a' bhogsa a tha:

- (a) dearg (b) buidhe (c) gun dath?
 4 Tha 60 cruth anns a' bhogsa.
 'S e ciùban a tha ann an deicheamh dhiubh.
 Cia mheud cruth a tha ann nach eil na chiùb?





1 (a) $\frac{1}{3}$ de 15

(b) treas de 21

2 (a) $\frac{1}{3}$ de 27

(b) treas de 3

(c) $\frac{1}{3}$ de 30

(d) treas de 12

(e) $\frac{1}{3}$ de 24

(f) $\frac{1}{3}$ de 6

3 (a) Tog tùr a' cleachdadha 9 ciùban.

Dèan treas den tòr dearg, agus dà threas
den tòr buidhe.

(b) **Cia mheud** ciùb a tha: • dearg • buidhe?



4 (a) Cuir a-mach 18 ciùban.

Dèan treas de na ciùban uaine, agus
treas dhiubh gorm.

(b) **Cia mheud** ciùb: • a tha gorm • nach eil gorm?







5



Tha dà threas de na ciùban agam donn.
Tha na 5 ciùban eile geal.

Cia mheud ciùb a tha aig Sam gu lèir?

I (a) Roinn gach treidhe de mheasan gu cothromach eadar 5 dhaoine.



(b) Lorg còigeamh de na measan air gach treidhe.

(c) Dè tha thu a' mothachadh nuair a:

roinneas tu le 5

agus

lorgas tu còigeamh?

2 (a) $\frac{1}{5}$ de 45

(b) còigeamh de 20

(c) $\frac{1}{5}$ de 35


(d) còigeamh de 40

(e) $\frac{1}{5}$ de 5

(f) còigeamh de 30

3 Chan eil dà chòigeamh de na bananathan
deiseil airson an ithe.

Cia mheud còigeamh a tha **deiseil** airson an ithe?



4 (a) Tha 50 ubhal ann am baraille.

Tha $\frac{1}{5}$ de na h-ùbhlan dona.


Cia mheud **còigeamh** nach eil dona?

(b) Cia mheud **ubhal**: • a tha dona • nach eil dona?




I Lorg


(a) $\frac{1}{2}$ de 14



(b) $\frac{1}{4}$ de 16



(c) $\frac{1}{10}$ de 30



(e) $\frac{1}{5}$ de 20.



2 (a) $\frac{1}{5}$ de 40

(b) $\frac{1}{10}$ de 50

(c) treas de 18

(d) $\frac{1}{4}$ de 28

(e) $\frac{1}{2}$ de 20

(f) deicheamh de 100

(g) $\frac{1}{3}$ de 27

(h) $\frac{1}{10}$ de 80

(i) còigeamh de 45

(j) $\frac{1}{3}$ de 15

(k) $\frac{1}{5}$ de 50

(l) treas de 21


3 Bha 30 putan aig Kim. Thug i $\frac{1}{5}$ dhiubh dha Iain agus thug i $\frac{1}{3}$ de na bha air fhàgail dha Raonaid.




Cia mheud putan a tha aig:

- (a) Iain (b) Raonaid (c) Kim?


I Ath-sgriobh agus criochnaich gach eisimpleir de bhloighean co-ionnan.




$$\frac{1}{2} = \frac{\square}{10}$$




$$\frac{2}{\square} = \frac{\square}{10}$$




$$\frac{1}{\square} = \frac{\square}{6}$$




$$\frac{\square}{4} = \frac{6}{\square}$$




$$\frac{\square}{5} = \frac{8}{\square}$$




$$\frac{1}{\square} = \frac{3}{\square}$$



$$\frac{\square}{3} = \frac{\square}{6}$$



$$\frac{\square}{2} = \frac{\square}{8}$$



$$\frac{\square}{5} = \frac{\square}{10} = \frac{\square}{\square}$$

17 Dè na tha iad seo a' cosg?

(a)



(b)



(c)



(d)




2 Cò aige a tha barrachd airgid?



3 Cuir a-mach buinn gus gach rud a cheannach. Dèan liosta de na buinn.

(a)



£2.35

(b)




£4.73

(c)



£1.88

I Cia mheud de gach bonn a dh'fheumadh tu airson £2 a dhèanamh?




2 Dè a' phrìs a tha iad seo?

(a)



(b)



3 Dèan liosta de na buinn a dh'fheumas tu gus gach rud a cheannach. Cleachd cho beag 's as urrainn dhut de bhuiinn.

(a)



(b)



(c)



(d)



£2.80

£5.43

£9.65

£7.98

4 Dè an rud (a) as daoire (b) as saoire a tha ann?

5 Tagh às na buinn seo.

Sgrìobh ceithir

dòighean




eadar-dhealaichte

gus £5 a dhèanamh.




N1


Sgrìobh na buinn a gheibh thu air ais bho £1 nuair a cheannaicheas tu.



2 Sgrìobh na buinn a gheibh thu air ais bho £2 nuair a cheannaicheas tu.



3 Dè na tha aig gach leanabh air fhàgail?



Bha £2 agam.
Chosg mi
£1.35.



Bha £2 agam.
Chosg mi
89sg.



Bha £1 agam
Chosg mi
28sg.

4 Dè na tha aig gach leanabh air fhàgail?

(a) Bha aig Greg. Chosg e 90sg.

(b) Bha aig Roy. Chosg e £2.80.

5 Cheannaich Suzy dèideag. Phàigh i air a son le bonn £2.


Fhuair i air ais.

Dè na chosg i?

Tha Daibhidh air £1.34 a shàbhaladh



1 Sgrìobh gach suim ann an **notaichean agus sgillinnean**.



(d) 213sg

(e) 860sg

(f) 442sg

(g) 131sg


(h) 950sg

(i) 728sg

(j) 504sg

(k) 96sg

2 Sgrìobh gach suim ann an sgillinnean.



(d) £9.35

(e) £3.61

(f) £1.53

(g) £6.29

(h) £5.70

(i) £8.06

(j) £7.90

(k) £4.00

3



Dè am banca anns a bheil an t-suim airgid (a) as mothaidh (b) as lughaidh?

Lorg na tha aig gach leanabh de dh'airgead.



Tim



Zoe






Mia



Jack



2 Seat a-mach agus dèan liosta de na notaichean agus na buinn a dh'fheumar airson gach rud.



3 Sgriobh an t-suim a tha nas mothach na pris an



ach nas lughach na pris an



I Dè na tha aig gach leanabh de dh'airgead?

N



Mel




Ben



Ella




Rob




2 Seat a-mach agus dèan liosta de na notaichean agus na buinn a dh'fheumar airson gach rud.

(a)



£22.30

(b)



£26.55

(c)



£30.62

(d)



£35.90

I Sgrìobh na buinn a tha ann an iomlaid gach leanabh.



£0.40	£1.20	£0.70	£0.90	£2.30	£1.50

2 Lorg prìs:


- (a) bàlla agus bràiste (b) doile agus peann (c) bàlla agus doile
 (d) làraidh agus doile (e) peann agus bràiste (f) bratach agus bràiste.



3 Dè na tha aig gach clas fhathast ri chruinneachadh?

I Dè na plèanaichean air a bheil àireamhan a tha nan iomadan d


- (a) 2 (b) 5 (c) 10 (d) 2, 5 agus 10?



2

Cleasachd Tombola

- tha iomadan de 3 a' buannachadh bhidio
- tha iomadan de 5 a' buannachadh bailiùn
- tha iomadan de 3 **agus** 4 a' buannachadh leabhar.



Dè a bhuannaicheas na ticeadan seo?

27

19

55


24

32

3



Buail 3 iomadan de cheithir airson teadaidh a bhuannachadh no 3 iomadan de chòig airson cnò-còco a bhuannachadh.




Dè na cairtean a dh'haodadh tu bualadh gus:
(a) teadaidh (b) cnò-còco a bhuannachadh?


I Cleachd

Cia mheud leabhar-teacs matamataigs còmhla anns a bheil cuideam:

- (a) mu 1 cg (b) mu $\frac{1}{2}$ cg?




Tha barrachd air 2cg a chuideam anns a' mheal-bhuc.




Tha nas lugh na 1 $\frac{1}{2}$ cg a chuideam anns an tiona.

2 Sgriobh mu chuideam gach rud anns na dealbhan seo.


Gainmheach




clachan




sligean




peapag



flùr



bananathan




3 Lorg rud air choireigin a thuairmseadh tu anns a bheil cuideam eadar 2cg agus 3cg.

Tha cuideam anns an rus timcheall

$2\frac{1}{2}$ cg


no

2cg 500g




I Sgrìobh gach fear de na cuideaman seo ann an dà dhòigh.

(a)



(b)



(c)




(d)



2 Lìon botal mòr le uisge.



Lorg an cuideam aige.

3 Cothromaich 1cg 500g de
ghainmhich ann am bogsa.






- 1 Dè na rudan anns a bheil cuideam:
- (a) nas mothà na $\frac{1}{2}$ cg (b) nas lughà na $\frac{1}{2}$ cg?
- 2 Dè an **dà** rud còmhla anns am biodh cuideam:
- (a) $\frac{1}{2}$ cg (b) 1 cg? (c) $1\frac{1}{2}$ cg?
- 3 Dè na **trì** rudan còmhla anns a bheil cuideam 1cg?
- 4 Maids gach rud ris a' chuideam cheart.




- 5 Tagh an cuideam airson gach rud.

- (a) 100 g 1 kg 20 cg 200 cg
- (b) 300 g 3 cg 30 cg 300 cg

1 Lorg faid gach rud.



2 Tomhais gach loidhne. Sgrìobh faid gach loidhne.



3 Dealbh loidhnichean de na faidean seo.

- (a) 10 cm (b) $3\frac{1}{2}$ cm (c) 6 cm (d) $12\frac{1}{2}$ cm

Cleachd teip tomhais, agus dèan seo còmhla ri caraid.




I Tomhais an t-astar mu:

(a) do cheann




(b) d' amhaich



(c) do bhroilleach



(d) do mheadhan




(e) caol do làimh



(f) d' aobrann



(g) mullach a' bhiona




(h) botal plastaig



(i) cearclan



Cleachd uisge no gainmheach,




agus



$\frac{1}{2}$ liotair

M

1 Feumaidh tu sia soithichean mar an fheadhainn seo.




Faigh a-mach gu dè na soithichean a ghabhas:

- (a) nas lugha na $\frac{1}{2}$ liotair
- (b) mu $\frac{1}{2}$ liotair
- (c) barrachd air $\frac{1}{2}$ liotair.






2 Feumaidh tu ceithir tubaichean.

Le bhith ga thomhas cuir na tha air gach bileig dha gach tuba



3 Feumaidh tu trì soithichean mar an fheadhainn seo.




Dèan tuairmse air na ghabhas gach fear. An uair sin tomhais na ghabhas iad.



1 Cia mheud liotair a tha air a chleachdadadh gu lèir le:
 (a) Iain agus Ailig (b) Ailig and Kate (c) an triùir aca?

2 Cia mheud liotair a tha air a chleachdadadh le:
 (a) Ceit a bharrachd air Ailig (b) Ailig a bharrachd air Iain
 (c) Ceit a bharrachd air Iain?


3 Ciamar a gheibh Eilidh air 3 liotairean
 de dh'uisge a thomhas dhan mhìos?
 Lorg trì diofar dhòighean. 2 liotair 5 liotairean




5 Lorg na diofar dhòighean anns an tèid botail
 100 mililiotair **agus** 200 mililiotair an lìonadh.

Lorg gach farsaingeachd ann an **ceudameatairean ceàrnagach**.

(a)




(b)




M3


(c)



(d)



Dè an dà chruth còmhla aig a bheil farsaingeachd:


(a) 15 cm^2 (b) 18 cm^2 (c) 17 cm^2 ?

Dealbh trì ceart-cheàrnachan, gach fear le farsaingeachd 24 cm^2 .


M4

Dè na cruthan aig a bheil farsaingeachd 2cm^2 ?

(a)




(b)




(c)



(d)




(e)




2 Lorg farsaingeachd gach cruth ann an **ceudameatairean ceàrnach**


(a)




(b)




(c)



(d)





(e)



3 (a) Dealbh cruth anns a bheil farsaingeachd $7\frac{1}{2}\text{cm}^2$.

(b) Dealbh trì cruthan diofraichte, gach fear le farsaingeachd $5\frac{1}{2}\text{cm}^2$.

4 Lorg ceithir diofar dhòighean anns am faigheadh tu air **leth** den cheàrnaig seo a dhath.





An t-Ògmhios						
Did	Dil	Dim	Dic	Diar	Dih	Dis
		1	2	3	4	5
6	7	8	9	10	11	12
13	14	15	16	17	18	19
20	21	22	23	24	25	26
27	28	29	30			


An t-Iuchar						
Did	Dil	Dim	Dic	Diar	Dih	Dis
			1	2	3	
4	5	6	7	8	9	10
11	12	13	14	15	16	17
18	19	20	21	22	23	24
25	26	27	28	29	30	31

An Lùnastal						
Did	Dil	Dim	Dic	Diar	Dih	Dis
1	2	3	4	5	6	7
8	9	10	11	12	13	14
15	16	17	18	19	20	21
22	23	24	25	26	27	28
29	30	31				

Tha Màiri a' sgriobhadh ann an leabhar-latha.

Sgriobh an latha den t-seachdain airson nan ceann-latha seo air an robh i a' marcachd.

- (a) 5mh den Ògmhios (b) 20mh den Ògmhios
- (c) 2na den Iuchar (d) 22na den Iuchar
- (e) 9mh den Lùnastal (f) 1d den t-Sultain



Sgriobh an ceann-latha airson nan tachartasan seo ann an leabhar Màiri

- (a) Snàmh – an dàrna Dimàirt san Ògmhios
- (b) A' cèilidh air Granaidh – an treas Diciadain san Iuchar
- (c) Ceann-bliadhna – a' chiad Diardaoin san Lùnastal
- (d) Aig an sutha – an Disathairne mu dheireadh san Lùnastal

Leachd mìosachan airson na bliadhna-sa.

Sgriobh latha den t-seachdain airson gach fear de na cinn-latha seo.

- (a) 15mh den Giblean
- (b) 31mh den Chèitean
- (c) 23mh den t-Sultain
- (d) 6mh den Damhair

Sgriobh an ceann-latha airson nan làithean seo.

- (a) A' chiad Sàbaid san t-Samhain
- (b) An treas Diluain san Fhaolloch

T1 I Bha Màiri air saor-làithean bhon 3mh den Iuchar chun 17mh den Iuchar. Cia mheud **seachdain** a bha i air saor-làithean?

2 Cia mheud seachdain a bha caraidean Màiri air saor-làithean?

	Anndra	Beth	Ceitidh	Daibhidh	Erica
Bho....	18mh Ògmhios	9mh Lùnastal	24mh Ògmhios	21mh Iuchar	26mh Ògmhios
Gu....	25mh Ògmhios	30mh Lùnastal	29mh Iuchar	18mh Lùnastal	7mh Lùnastal

3 Dh'fhuirich Màiri aig taigh a Granaidh bhon 25mh den Lùnastal chun 30mh den Lùnastal. Cia mheud **latha** a dh'fhuirich i ann?

4 Cia mheud latha a sheas gach tè de na fèisean seo?


(a) Siorscas:

9mh Ògmhios –
12na Ògmhios



(b) Bàtaichean-siùil:

27mh Ògmhios –
3mh Iuchar



(c) Campa

30mh Iuchar –
8mh Lùnastal



(d) Fèill

26mh Ògmhios –
28mh Lùnastal



Cleachd mìosachan airson na bliadhna-sa.




5 Cia mheud **seachdain** a tha eadar:

- (a) 25mh den Fhaoilleach chun 15mh den Ghearran
- (b) 30mh den Damhair chun 11mh den Dùblachd?

6 Cia mheud **latha** a tha eadar:

- (a) 27mh den Mhàrt chun 5mh den Ghiblean
- (b) 27mh den t-Samhain chun 25mh den Dùblachd?

Ar Turas-latha le Clas 3



1 Càit an robh Clas 3:

(a) ro 12 meadhan-latha (b) an dèidh 12 meadhan-latha?

2 Sgrìobh na h-uairean seo. Cleachd m. no f.



teal an dèidh deich




Ochd uairean



Leth-uair an dèidh trì



Cairteal gu aon uair
deug sa mhadainn



Ceithir uairean
feasgar

3 Dèan dealbh de 2 rud a bhios **tusa** a' dèanamh:

(a) ro 10.30m.

(b) an dèidh 4.45f.



Tha e 5.40.

1 Sgrìobh na h-uairean seo.

(a)



(b)



(c)




(d)



(e)



(f)



(g) 20 mionaid an dèidh 2

(h) 25 mionaidean gu 11

(i) 10 mionaidean gu 6

(j) 5 mionaidean gu 9

(k) Cairteal gu 4

(l) 10 mionaidean an dèidh 7

2 Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an uair as tràith.




Còig mionaidean air
fhichead gu ochd



Leth-uair an
dèidh a h-ochd




I Sgrìobh gach uair ann an latha Rut ann an **dòigh eile**.



2 Dè an hath a tha air uaireadair gach leanabh?



Sgriobh gach uair. Cleachd m. no f.



Leth-uair an dèidh dhà

Cairteal gu aon uair deug

Seachd uairean

- (d) 25 mionaidean an dèidh 12 feasgar
- (e) 10 mionaidean gu 9 anns a' mhadainn
- (f) 5 mionaidean an dèidh 10 anns a' mhadainn
- (g) 20 mionaid gu 8 feasgar

Sgriobh iad seo ann an òrdugh.

- (a) Tòisich leis an uair as tràithe anns a' mhadainn.



- (b) Tòisich leis an uair as anmoiche feasgar.



- (c) Tòisich leis an uair as tràithe.

6.15 f.

9.35 m.

5.25 m.


3.45 f.

3 Sgriobh gach uair ann an òigh eadar-dhealaichte.

- (a) 15 mionaidean gu 8 anns a' mhadainn (b) 1.40 m.
- (c) 20 mionaid an dèidh 12 air an oidhche (d) 5.15 f.

Turas-baidhsagal Sìne

Ceum	uair	àite
A	10.25 m.	a' fàgail na dachaigh
B	10.45 m.	tarsainn air an drochaid
C	10.50 m.	seachad air an sgoil
D	11.15 m.	steach don phàirc
E	11.45 m.	a' fàgail na pàirce
F	12.25 m.	a' tilleadh dhachaigh



- 1 Cia mheud mionaid a tha eadar gach ceum ann an leabhar-fiosrachaидh Sìne?
- 2 Dè cho fada an dèidh dhi a dachaigh fhàgail a chaidh i seachad air an sgoil?
- 3 Dè an ùine an dèidh dhi a dhol tarsainn air an drochaid a chaidh i a-steach don phàirc?
- 4 Dè cho fada 's a thug turas-baidhsagal Sìne gu lèir?
- 5 Càit an robh Sìne aig na h-uairean seo anns a' mhadainn?

(a)



(b)



Dh'fhàg Matt an taigh aig 8.25 m.



Tha an turas chun na sgoile a' toirt 25 mionaidean.

Dè an uair aig an do rèinig e an sgoil?

2 Tha an clas Maths a' tòiseachadh aig 9.20 m.

Tha e a' crìochnachadh aig 10.00 m.

Dè an ùine a tha iad anns a' chlas?



3 Tha iad a' faighinn a-mach airson 20 mionaid.

Tha an tràth seo a' crìochnachadh aig 10.50 m.

Dè an uair aig a bheil e a' tòiseachadh?



4 Crìochnaich clàr-ama Mhatt le bhith a' lìonadh a-steach nam beàrnan.

Gníomh	A' tòiseachadh aig	A' seasamh airson	A' crìochnachadh aig
Àm-bìdh	12.45 f.	45 mionaidean	(a)
Leughadh	1.40 f.	(b)	2.10 f.
Ealan	(c)	40 mionaid	3.20 f.

5 Tha an sgoil a' crìochnachadh aig 3.30 f.

Tha clas-snàimh Matt a' tòiseachadh 2 uair a thìde an dèidh sin.







Tha an clas a' seasamh airson 35 mionaidean.

Dè an uair aig a bheil an clas a' crìochnachadh?



Feumaidh tu cruthan 3sh mar iad seo.

1 Maids gach cruth ris an ainm aige.



cruinne

priosam triantanach

ciùb

còn

ciùbaid

leth-chruinne

pioramaid


siolandair

2 Ainmich na cruthan 3sh anns a' mhodail seo.



- 3 (a) Tog fhèin modail le cruthan 3sh.
 (b) Ainmich na cruthan a chleachd thu.

4 Dè an cruth 3sh air a bheil na daoine seo a' bruidhinn?



Tha dà aodann
rèidh air, agus
aon aodann lùbte.



Tha aon aodann lùbte
air, agus chan eil
aodann rèidh idir air.



Tha aon aodann lùbte air, agus aon aodann rèidh.
Chan e còn a tha ann.

I Cia mheud gob a tha air gach cruth?
ciùbaid → 8 goban

2 Dè an cruth air a bheil I ghob?

3 Dè na cruthan air a bheil:

(a) 6 goban (b) 0 goban

(c) na h-aon àireamhan de ghoban?


4 (a) Cunnt agus sgrìobh àireamh nan oirean **dìreach** airson gach cruth.

ciùbaid → 12 oir

(b) Dè na cruthan air a bheil na h-aon àireamhan de dh'oirean dìreach?

5 Dè na cruthan air a bheil oirean lùtte?

6 Seall ri na paidhrichean de chruthan seo.




(a) Dè a tha **co-ionnan** mu na cruthan anns gach paidhir?

(b) Dè a tha eadar-dhealaichte mun deidhinn?

7 Sgrìobh abairtean a bheireadh beachd do dhuine mun chruth seo.



Ciùb




1 Cleachd cruthan flat airson na cruthan seo a thogail:

- (a) ciùb
- (b) ciùbaid
- (c) priosam triantanach
- (d) pioramaid le bonn ceàrnagach.








2 Cleachd sràbhan agus ceanglaichean gus iad seo a thogail:

- (a) ciùb
- (b) ciùbaid
- (c) pioramaid le bonn triantanach
- (d) priosam triantanach
- (e) ciùbaid









Cleachd ciùban ceangail.

1 Tog na cruthan seo.




- 2 (a) Cia mheud ciùb a tha thu a' **smaoineachadh** a chaidh a chleachdadadh gus na cruthan seo a thogail?
 (b) Dèan cinnteach le bhith a' togail gach cruth.












- 3 Tog nas urrainn dhut de chiùbaidean **eadar-dhealaichte** le:

- (a) 12 chiùb
 (b) 24 ciùban.



I Dè an fheadhainn de na cruthan dathach a tha:

- (a) nan ceithir-cheàrnachan (b) nan triantain
- (c) cunbhalach (d) air a bheil ceàrn ceart
- (e) air a bheil nas lugh a ceithir ceàrnan
- (f) air a bheil barrachd air sia taobhan?



2 Dè an dath a tha air:



- (a) a' cheart-cheàrnach (b) an t-sia-cheàrnach **chunbhalach**
- (c) an ochd-cheàrnach **chunbhalach**
- (d) an ochd-cheàrnach **neo-chunbhalach?**

3 Sgrìobh ainm a' chruth air a bheil dath:

- (a) purpaidh (b) buidhe (c) orains.



Cleachd dà thriantan airson
na cruthan seo a dhèanamh.





sia-cheàrnach






2 Cleachd an dà thriantan. Dèan agus an uair sin dealbh:

- (a) còig-cheàrnach (b) sia-cheàrnach eile
- (c) dà cheithir-cheàrnach eadar-dhealaichte.

3 Cleachd pàipear spotach. Ath-dhealbh agus crìochnaich gach pàtran de thriantain.









I Cia mheud loidhne cothromachaидh a tha anns gach **cruth?** **S**



2 Dèan sgeidse de chruth le **dìreach**:




- (a) aon loidhne cothromachaидh (b) dà loidhne cothromachaидh.

3 Cia mheud loidhne cothromachaидh a tha anns gach **pàtran**?




Cleachd pàipear ceàrnagach.

- I Ath-dhealbh agus dath iad seo, gus pàtranan co-chothromach a dhèanamh.



- 2 Dèan pàirt de phàtran cho-chothromach airson caraid a chriochnachadh.

Cuir a-steach loidhne a' cho-chothromachaидh.



Tha a' cheàrnag dhearg ann am bogsa 3, 5
Tha an triantan uaine ann am bogsa 5, 3.

1 Dè am bogsa anns a bheil:

- (a) triantan gorm (b) ceàrnag bhuidhe (c) sia-cheàrnach gorm
- (d) còig-cheàrnach dearg (e) sia-cheàrnach dearg
- (f) ochd-cheàrnach uaine?


2 Dè a tha anns a' bhogsa:

- (a) 2,2 (b) 3,4 (c) 1,5 (d) 5,4 (e) 4,5 ?

Tha co-chomharran
(0, 2) aig an spot dhearg.


Sgrìobh co-chomharran
nan spotan seo:

- (a) orains
- (b) geal
- (c) gorm
- (d) dubh
- (e) buidhe
- (f) uaine
- (g) purpaidh
- (h) donn.




2 Dè an dath a tha air an spot aig gach fear de na
suidheachaidhean seo?

- (a) (1,2)
- (b) (6,1)
- (c) (2,1)
- (d) (5,0)
- (e) (8,2)
- (f) (7,0)
- (g) (3,3)
- (h) (2,2)
- (i) (0,3)



Map an Spùinneedair Dheirg



Tha thu air mullach Beinn an t-Seallaidh.

1 Dè a chì thu nuair sheallas tu:

- (a) gu Tuath (b) gu Deas (c) chun Ear (d) chun Iar?

2 Dè an àird aig a bheil:

- (a) Loch na Fala (b) A' Choille (c) Beò-ghainmheach
(d) An Seann Tùr?

3 **Seall chun Ear.**

Dè a chì thu nuair thionndaidheas tu tro:

- (a) leth-chuairt (b) cheàrn cheart tuathal (c) chuairt iomlan?

4 **Seall gu Deas.**


Dè an àird gu bheil thu a' sealltann nuair thionndaidheas tu tro:

- (a) chairteal chuairt deisel (b) 3 ceàrnan ceart deisel?

5 Sgrìobh fiosrachadh nan tionndaidhean seo.

- (a) Seall gu Loch na Fala. Tionndaidh chun na Coille.
(b) Seall chun na h-Aibhne Deirge. Tionndaidh chun a' Bhoglaich
(c) Seall ri Creag a' Chlaiginn. Tionndaidh chun na h-Aibhne Deirg

4 Tha tùraichean a' chaisteil aig an Spùinneadair Dhearg air an ceangal le tunailean.




1 Dè an dath a tha air an tòr fon **criochnaich** gach turas?

- (a) Tòisich aig . Theirig Tuath tro I thunail, an Ear tro 2 thunail agus gu Deas tro I thunail.
- (b) Tòisich aig . Theirig Deas tro I thunail, chun Iar tro 2 thunail, Deas tro I thunail agus chun Ear tro I thunail.

2 Mìnich turas a tha a' dol:

- (a) bho gu nach eil a' dol tro
- (b) bho gu nach eil a' dol tro no
- (c) bho gu a tha a' dol tro , **agus** .

3 Sgriobh mu dhà thuras eadar-dhealaichte bho gu .



Tha thu ann am meadhan **Eilean nan Con**.

1 Seall gu Tuath.

Dè an àird gu bheil thu a' sealltann an dèidh dhut car mar seo a chur:

- | | |
|----------------------------|----------------------------|
| (a) 90° gu tuathal | (b) 180° gu deiseil |
| (c) 360° gu tuathal | (d) 45° gu deiseil? |

2 Seall chun Iar.

Cò ris a tha thu a' coimhead an dèidh dhut car mar seo a chur:

- | | |
|----------------------------|----------------------------|
| (a) 90° gu deiseil | (b) 180° gu tuathal |
| (c) 270° gu tuathal | (d) 45° gu deiseil? |



3 Minich gach car.

- (a) Seall gu Creagan nan Siorc. Tionndaidh gu Eilean nam Muc-mhara.
- (b) Seall gu Creag Ghlas.
Tionndaidh chun an taigh-sholais.
- (c) Seall gu Eilean nam Beanntan.
Tionndaidh gu Eilean nam Faoileag.
- (d) Seall gu Eilean an Daraich.
Tionndaidh gu Eilean nam Muc-mhara.





01
4

Sgriobh an ceàrn **as mothà.**




2


Sgriobh an ceàrn **as lugha.**



3 Cuir na ceàrnan ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fhear **as lugha.**



4 Cuir na ceàrnan ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fhear **as mothà.**



PAIRC NAN CLAMHAN

FOSGAILTE: An Giblean chun an t-Sultain

9.00 m. - 6.00 f.


COSG: Inbhich £5 Leanabh £3.50

Tachartasan sònraichte	Ceann-latha	Suidheachadh
Go-cairtean	Dis 29mh Iuchar	Trac nan Rèis
Biastagan	Dis 5mh Lùnastal	An Teanta Uaine
Rèisean	Dis 12mh Lùnastal	Trac nan Rèis
Cuairt nan Craobhan	Dis 19mh Lùnastal	Seann Tùr
Latha an Lorgaidh	Dis 26mh Lùnastal	Teanta Saidheans
Bumpairean	Dis 2mh Sultain	Trac nan Rèis


- 1 Cia mheud mìos anns a' bhliadhna a tha a' phàirc fosgailte?
- 2 Cia mheud uair a thìde a tha i fosgailte gach latha?
- 3 Dè na tachartasan a tha a' gabhail àite aig Trac nan Rèis?
- 4 Dè an tachartas a ghabhas àite air: a) 5mh Lùnastal b) 26mh Lùnastal?
- 5 Dè na chosgas latha ann am Pàirc nan Clamhan airson 2 inbheach agus 4 chloinne?
- 6 Dè na tachartasan a tha thu a' smaoineachadh a tha a' gabhail àite am broinn togalach?

A' TÒISEACHADH	Àireamh de luchd-tadhail			
	9.00 m.	10.30 m.	12.00 m.l.	1.30 f.
Cuairt tron Choille	12	18	9	19
Ràth na h-Aibhne	13	27	11	29
Am Balla	15	17	13	20
Boghadaireachd	6	19	15	15

- 7 Dè an tachartas aig an robh an àireamh bu mhotha de dhaoine rè an latha gu lèir?
- 8 Cia mheud neach-tadhail a bha aig seasain 1.30 f. gu lèir?
- 9 Lorg an tachartas **agus** an uair aig an do thòisich e, aig an robh: **(a)** an àireamh bu mhotha **(b)** an àireamh bu lughadhadh de luchd-tadhail.
- 10 An robh barrachd dhaoine aig na cur-seachadan anns a' mhadainn, no feasgar? Mìnich.



I Cia mheud de gach seòrsa biastaig a chaidh fhaicinn?

- (a)  (b)  (c)  (d)  (e) 

2 Cia mheud biastag a chaidh fhaicinn gu lèir?

3 Cia mheud biastag air a bheil: (a) spotan (b) srianaagan?

4 Cia mheud a bha ann den chiad seòrsa a bharrachd air na bha ann den dàrna seòrsa?

- (a)  na 

(b)  na  ?

Nuair chaidh biastagan fhaicinn


Suim

m. - 10.15 m.	//
11.30 m. - 11.45 m.	//
f. - 1.30 f.	//
f. - 3.00 f.	//

5 Cia mheud biastaq a chaidh fhaicinn eadar:

6 An e a' mhadainn no am feasgar a b' fheàrr airson biastagan fhaicinn? Mìnich.

Cunntas làithean-saora Clas 4



1 Dè an dùthaich gun deach:

- (a) an àireamh bu mhotha de chloinn
- (b) an àireamh bu lugh a de chloinn?

2 Dè an dùthaich a tha anns an treas àite?

3 Cia mheud leanabh a bha:

- (a) thall thairis
- (b) ann an dùthaich Eòrpach eile?

4 Cia mheud leanabh a bharrachd aig an robh làithean-saora:

- (a) ann am Breatainn na anns an Fhràing
- (b) anns an Spàinn na ann an Aimearagaidh?

5 Cia mheud leanabh ann an Clas 4 aig an robh làithean-saora gu lèir?

6 Dè an dà dhùthaich còmhla anns an robh trichead leanabh 's a trì airson nan làithean-saora?



Dè am peata:

- (a) as cumanta
- (b) as neo-chumanta?


2 Cia mheud a bharrachd


- (a) coin na cait
- (b) èisg na eòin

3 Cia mheud peata a tha aig
clann Clas 4 gu lèir?

4 Cia mheud peata aig a
bheil barrachd air 2 chois?

Peataichean Clas 4



 = 2 pheata





cù cat eun iasg

Tanca-èisg thropaigeach

 = 5 èisg



Àireamh èisg

5 Cia mheud a tha ann de: (a)  (b)  (c)  (d)  ?

6 Cia mheud iasg a tha anns an tanca gu lèir?

7 Cia mheud a bharrachd a tha ann de:

- (a)  na 
- (b)  na 
- (c)  na 



I (a) Sgriobh na litrichean ann
an diagram mar seo.

Tha loidhne coth-romachaидh innte	Tha loidhne coth-romachaидh innte


(b) Tagh ceithir litrichean eile.
Cuir iad seo dhan diagram
agad.

(a) Sgriobh ainmean a' bhannail
ann an diagram mar seo.


glainneachan	glainneuchan
feusag	
feusag	

(b) Dèan an t-aon rud airson
an diagram seo.


	ad	gun ad
fireann		
boireann		




IHS

Àireamhan
cothromachIomadan
de 3

- 1** Sgrìobh trì àireamhan eile a dh'fhaodadh a dhol dhan:
- (a) phàirt uaine (b) phàirt ghorm (c) phàirt dhearg.
- 2** Càit, anns an diagram Venn, an cuireadh tu na h-àireamhan seo?
- (a) 8 (b) 30 (c) 27 (d) 19

Le co-dhiù aon
cheàrn ceartLe loidhne
cothromacha

- 3** Dè am pàirt den diagram Venn anns an cuireadh tu na cruthan seo?
- (a) 
- (b) 
- 4** Cleachd pàipear ceàrnagach. Dealbh cruth a dh'fhaodadh a dhol dhan:
- (a) phàirt orains (b) phàirt phurpaidh (c) phàirt dhonn.